

## **Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 11mh dhen Iuchar 2021**

### **Ùrnaigh aig 7f**

Dè mar a bhios an t-àm ri teachd? Bidh iomadh freagairt againn don cheist seo, agus bidh grunn math dhiubh a' sealltainn ceart cho mì-chinnteach 's a tha iomadh rud anns an latha a th' ann. Bidh gach aon againn a' freagairt ceistean ar latha ann an diofar dòighean, agus bidh iomadh neach a' meòrachadh air a' cheist: dè mar a bhios a an t-àm ri teachd?

Tha an t-Abstol Pòl a' toirt dhuinn sealladh air ar n-àite anns an t-saoghal. Tha an sealladh seo air a dhealbhadh le tuigse air ar com-pàirteachadh ann an rùintean Dhè agus Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd. Is ann mar dhaoine a chaidh ar "seuladh le Spiorad Naomh a' gheallaidh" a tha sinn a' com-pàirteachadh anns an tuigse seo. Leis an tuigse seo, chì sinn gun do 'ro-òrdaich e sinne gu uchd-mhacachd tro Ìosa Crìosd dha fhèin, a rèir deagh thoil a rùin' agus mar sin, tha sinn a' lorg ar n-àite ann am plana agus rùintean Dhè. (Ephèsianaich 1: - 14). Ged nach eil sinn eòlach air dè mar a bhios an t-àm ri teachd, tha fios againn gu bheil cùrsa ar beathannan air an dealbhadh le làmh Dhè, ge b' e na thachras.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
ro-òrdaich thu sinne gu uchd-mhacachd tro Ìosa Crìosd dhut fhèin,  
agus tha thu a' doirt a-nuas oirnn beannachdan do gheallaidhean.  
Deònaich gun lorg sinn ar n-àite san t-saoghal,  
agus treòrachadh nar beathannan,  
fhad 's a bheireas sinn taing  
airson tiodhlac prìseil do mhic.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
ro-òrdaich thu sinne gu uchd-mhacachd tro Ìosa Crìosd dhut fhèin,  
agus thug thu dhuinn maitheanas.  
Deònaich gum fiosraich sinn slànachadh do mhaitheanas,  
agus gum maith sinn ar luchd-fiach,  
mar a mhaith thu ar fiachan fhèin.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
ro-òrdaich thu sinne gu uchd-mhacachd tro Ìosa Crìosd dhut fhèin,  
agus dh'fhoillsich thu dhuinn do rùn gus a h-uile nì a chruinneachadh ann an  
Crìosd, rudan sna nèamhan agus air an talamh.  
Deònaich gum bi do rùintean airson an t-saoghail a tha ri teachd air am  
foillseachadh nar beathannan.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
ro-òrdaich thu sinne gu uchd-mhacachd tro Ìosa Crìosd dhut fhèin,  
agus dh'fhoillsich thu dhuinn Facal na Fìrinne.  
Treòraich sinn, gus an labhair sinn  
an-còmhnaidh a rèir na Fìrinne.  
Deònaich gum bi an Tì a thàinig thugainn, làn gràis agus fìrinn air  
fhoillseachadh nar cainnt.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Dhè, Athair ar Tighearna Ìosa Crìosd,  
ro-òrdaich thu sinne gu uchd-mhacachd tro Ìosa Crìosd dhut fhèin,  
agus sheulaich thu sinn le Spiorad Naomh a' gheallaidh.  
Deònaich gun lorg sinn as ùr ar n-àite san t-saoghal, agus ath-nuadhaich  
annainn miann airson do rùintean,  
agus sinne a' gabhail ri tiodhlac gràs-mhor do Spioraid.  
A Thighearna, na do thròcair,  
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Morair Uallas, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,

Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Oll. Daibhidh Miller, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Niall MacMhaoilein, Moderàtor, an Eaglais Shaor

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam

Methodach (Alba)

An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an

Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan

Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais

Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla

ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)